

Deputy First Minister and Cabinet Secretary for  
Economy and Gaelic  
Leas Phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineit  
airson Eaconamaidh agus Gàidhlig  
Kate Forbes MSP  
Ceit Fhoirbheis BPA



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot

Sue Webber BPA  
Neach-gairm  
Comataidh an Fhoghlaim, na Cloinne is nan Daoine  
Òga  
Pàrlamaid na h-Alba  
Le post-d: [ecyp.committee@parliament.scot](mailto:ecyp.committee@parliament.scot)

10 Sultain 2024

Sue chòir,

## **Bile nan Cànan Albannach: Freagairt Riaghaltas na h-Alba a thaobh Aithisg Ìre 1**

Tha mi a' sgrìobhadh thugaibh gus taing a thoirt do Chomataidh an Fhoghlaim, na Cloinne agus nan Daoine Òga airson Aithisg Ìre 1 a dh'ullaich iad air Bile nan Cànan Albannach, a chaidh fhoillseachadh air 24 Iuchar agus airson a' bheachdachaidh mhionaidich is thaiceil a rinn a' Chomataidh air a' Bhile.

Bu toil leam taing is buidheachas a thoirt do na buill a ghabh pàirt sa chiad sgrùdadh air a' Bhile airson na h-ùine chuir iad seachad agus iad a' beachdachadh air, agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith ag obair leis na buill ùra dhen chomataidh fhad 's a bhios am Bile ga thoirt air adhart.

Tha a' Chomataidh air puingean feumail a thogail air an do bheachdaich Riaghaltas na h-Alba gu cùramach agus gheibhear ar freagairt dhan Aithisg an cois seo.

Bhithinn toilichte bruidhinn ribh mu ghin sam bith de na puingean a thogadh san Aithisg agus nar freagairt agus tuilleadh fiosrachaidh a thoirt dhuibh nam biodh sin na chuideachadh.

Leis gach deagh dhùrachd,

## **CEIT FHOIRBEIS**

Tha Ministearan na h-Alba, luchd-comhairleachaidh sònraichte agus an Rùnaire Maireannach a' tighinn fo sgèith nan cumhachan san Achd Choiteachaidh (Alba) 2016. Faicibh [www.lobbying.scot](http://www.lobbying.scot)

Taigh an Naoimh Anndra, Rathad an Tànaiste, Dùn Èideann EH1 3DG  
[www.gov.scot](http://www.gov.scot)

**INVESTORS IN PEOPLE™**  
We invest in people Silver



α

**BILE NAN CÀNAN ALBANNACH – FREAGAIRT RIAGHALTAS NA H-ALBA DO CHOMATAIDH AN FHOGHLAIM, NA CLOINNE AGUS NAN DAOINE ÒGA: AITHISG ÌRE 1**

**AMASAN A' BHILE**

**42, 43, 44,**

Tha a' Chomataidh ag aithneachadh na taice a chaidh a nochdadh ann am fianais do phrìomh amasan a' Bhile.

Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near, ge-tà, gu bheil luchd-ùidh a' coimhead airson taic nas subsaintiche, gu sònraichte a thaobh leasachadh coimhearsnachd, na tha na structaran a stèidhicheas am Bile a' gealltainn. Tha a' Chomataidh ag aontachadh le luchd-fianais nach tèid, às aonais na taice sin, amasan a' Bhile a choileanadh.

Tha a' Chomataidh den bheachd gu bheil cùisean cudromach ann ris am feumar dèiligeadh gus taic a thoirt don Ghàidhlig, a tha ann an staid chunnartach. Tha a' Chomataidh den bheachd gum feumar barrachd a dhèanamh gus taic èiginneach a thoirt do luchd-labhairt, a nì cinnteach gum bi an cànan a' soirbheachadh mar chànan coimhearsnachd.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aontachadh leis a' bheachd gur e rud riatanach a th' ann an leasachadh coimhearsnachd. Aig an àm seo tha àireamh de dh'iomairtean leasachadh coimhearsnachd gan cur an sàs. 'S urrainn do chumhachan sa Bhile leithid na ro-innleachd, bun-inbhean agus sgìrean cànan sònraichte cur ris na h-iomairtean seo agus an neartachadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt fa-near dragh na Comataidh mu shuidheachadh cugallach na Gàidhlig ann an Alba. Chanadh sinn, ge-tà, nach ann o chionn ghoirid a thàinig mothachadh air an t-suidheachadh seo. Air sgàth sin 's e amas Riaghaltas na h-Alba a bhith a' togail air na h-iomairtean a tha mu thràth gan cur an sàs agus, leis a' Bhile seo, a bhith a' cur structaran ùra air bhonn as urrainn frithealadh gu h-èiginneach air na feumalachdan a tha aig luchd-labhairt san dachaigh, san sgoil, sa choimhearsnachd agus san àite-obrach.

<p><b>45, 46</b></p>	<p>Tha a' Chomataidh mothachail air na cùisean a chaidh a thogail ann am freagairtean, leithid taigheadas, còmhdhail agus an eaconamaidh, a bharrachd air an fhianais bho Riaghaltas na h-Alba gum bi na cùisean bun-structair seo a' nochdadh anns an Ro-innleachd Nàiseanta, bun-inbhean agus sgìrean cànan sònraichte. Tha a' Chomataidh cuideachd ag aithneachadh dealas an Leas-phrìomh Mhinisteir gus tuilleadh beachdachaidh a thoirt air na cùisean sin.</p> <p>Tha a' Chomataidh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh bho Riaghaltas na h-Alba a thaobh mar a chleachdas iad na cumhachdan sa Bhile gus taic a thoirt do choimhearsnachdan leis na cùisean sin.</p>	<p>Tha miann aig Riaghaltas na h-Alba beachdachadh air an ìre chun a bheil e comasach do bhun-inbhean is an ro-innleachd buaidh a thoirt air cùisean a thaobh bun-structar agus, air sgàth seo, air mar a ghabhas cùisean bun-structair a chur an lùib phlanaichean Gàidhlig agus ann am planaichean Gàidhlig mar a tha iad ag obair ann an sgìrean cànan sònraichte.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba mothachail gum feum a h-uile cumha anns a' Bhile a bhith a' suidhe taobh a-staigh comas reachdail na Pàrlamaid, agus gum feumadh cumha a bhuineadh ri raointean leithid taigheadas, a b' urrainn an uair sin cunnraidhean ann an Cairt Eòrpach nan Còraichean Daonna a tharraing a-steach dhan chùis, a bhith air am frèamadh a rèir sin. Cuideachd, feumar cunntas a thoirt air frèamaichean laghail làithreach anns na raointean seo, a' gabhail a-steach obair a tha a' leantainn an-dràsta gus dèiligeadh ris an staing taigheadais nàiseanta.</p> <p>Tha cùisean a thaobh bun-structar air nochdadh gu tric am measg mholaidhean na Buidhne-obrach Geàrr-bheatha air Cothroman Eaconamach is Sòisealta na Gàidhlig. Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail orra a' beachdachadh air na molaidhean seo is thèid freagairt do dh'aithisg na Buidhne-obrach fhoillseachadh an ceann-ùine.</p> <p>'S e ceist mhòr a tha seo a tha a' buntainn ri cumhachan mionaideach a' Bhile ach cuideachd ris na h-iomairtean agus pròiseactan a tha an-dràsta gan cur an sàs aig ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach is ìre na coimhearsnachd. Air sgàth na h-ìre mionaidich de dh'fhiosrachadh a bhiodh a dhìth airson freagairt air a' phuing seo, bhiodh Riaghaltas na</p>
----------------------	--	---

		h-Alba toilichte pàipear fa leth a thabhann don Chomataidh a bhios a' sealltainn nan gnìomhan a tha a' leantainn sna h-àitichean seo.
<b>INBHE OIFIGEIL AIRSON GÀIDHLIG AGUS ALBAIS</b>		
<b>71</b>	Tha a' Chomataidh ag aithneachadh na fianais bho chuid de bhuidhnean gur dòcha nach bi an t-ainm farsaing 'Scots' na chuideachadh gus amasan a' Bhìle a choileanadh. Ged a thathar ag aithneachadh gur mathaid gun libhrig Riaghaltas na h-Alba barrachd soilleireachd san ro-innleachd agus na h-inbhean a tha ri leantainn, tha a' Chomataidh den bheachd, mas e adhbhar inbhe oifigeil a bhith a' toirt aithne do Scots anns gach riochd, gum feum iomradh nas mionaidiche a bhith ann air na riochdan sin. Mar sin tha a' Chomataidh a' moladh gum bi am Bìle a' mìneachadh seo ann an dòigh nas soilleire.	A thaobh seo, tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail ris na mhol a' choimhearsnachd labhairt a tha ag aithneachadh agus a' cleachdadh Albais mar an teirm fharsaing fon a bheil a h-uile seòrsa den chànan – ge be an ann sgìreil no eile – air aithneachadh agus a' faighinn spèis. Ma thèid iomradh a thoirt air dualchainntean no seòrsaichean sònraichte de dh'Albais, dh'fhaodadh an uair sin gun nochdadh cùisean ris nach robhar an dùil le dualchainntean nach deach ainmeachadh gu sònraichte. Chaidh an dreach seo aontachadh às dèidh dhuinn beachdachadh air factaran eadar-dhealaichte, nam measg dè cho freagarrach sa bhiodh e leantainn mar a tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' mìneachadh na Gàidhlig. 'S urrainnear mìneachadh no eisimpleirean a bharrachd a thoirt seachad air na seòrsaichean eadar-dhealaichte de dh'Albais ann an sgrìobhainnean poileasaidh taice no aithrisean pàrlamaid a thèid an cois a' Bhìle agus air an deigheadh iomradh a thoirt airson brìgh agus co-theacsa.
<b>A' GHÀIDHLIG</b>		
<b>Sgìrean Cànain Sònraichte</b>		
<b>119-121</b>	Tha a' Chomataidh mothachail gu bheil cuid de na gnìomhan a bhiodh a' tachairt ann an sgìre cànain shònraichte stèidhichte mar-thà. Chan eil e soilleir	'S e beachd Riaghaltas na h-Alba gu bheil reachdas airson sgìrean cànain sònraichte cudromach airson grunn adhbharan. Cruthaichidh an reachdas seo – a' gabhail a-

	<p>don Chomataidh gu bheil feum air reachdas gus sgìre cànan shònraichte a thoirt gu buil ann an cleachdadh.</p> <p>Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near nach eil cuid de luchd-ùidh cinnteach dè tha sgìre cànan shònraichte a' ciallachadh agus cò ris a bhiodh e coltach.</p> <p>Tha a' Chomataidh ag aithneachadh na fianais bho Chomhairle nan Eilean Siar agus feadhainn eile, a' gabhail a-steach an Leas-phrìomh Mhinistear, a' mìneachadh cò ris a bhiodh sgìre cànan shònraichte coltach anns na h-Eileanan Siar. Mar thoradh air sin, tha a' Chomataidh soilleir mun lèirsinn airson sgìre cànan shònraichte an sin.</p>	<p>steach bun-inbhean, an ro-innleachd, agus planaichean Gàidhlig – frèam airson phrionnsapalan, amasan agus na tha sinn a' sùileachadh. Bidh fios aig teaghlaichean agus coimhearsnachdan dè as urrainn dhaibh a bhith a' sùileachadh. Bidh fios aig buidhnean agus ùghdarrasan dè a thathar an dùil a bhios iadsan a' toirt seachad. Cuiridh seo ceumannan an sàs gus taic a chur ri coimhearsnachd na Gàidhlig agus gus na h-iomairtean a tha ann an-dràsta a neartachadh.</p> <p>Tha an t-uabhas de luchd-ùidhe na Gàidhlig follaiseach mun ìre de sholar a bu mhiann leotha fhaicinn sna coimhearsnachdan aca. Bidh cumhachan a' Bhile seo, leis an ro-innleachd agus bun-inbhean a tha a' cur an cèill gu soilleir na thathar an dùil, a' feuchainn ris na miannan is amasan seo a chur am follais. Nì Riaghaltas na h-Alba co-chomhairle leis a' choimhearsnachd air bun-inbhean is bheir seo soilleireachadh air a' chùis far a bheil sin a dhìth.</p> <p>Chan e 's nach eil eisimpleirean ann air an urrainn do na ceumannan seo togail. Tha planaichean agus stiùireadh Gàidhlig ann agus tha solar Gàidhlig cudromach aig Comhairle nan Eilean Siar ga chur an sàs cuideachd. Tha Bòrd na Gàidhlig an-dràsta a' leasachadh dà sgeama pileit airson phlanaichean coimhearsnachd ann an Uibhist agus Leòdhas. Cuiridh am Bile ceumannan an sàs gus an solar a tha ann an-dràsta a leasachadh a rèir miann luchd-labhairt na Gàidhlig.</p>
<b>122-125</b>	Chan eil e soilleir don Chomataidh, ge-tà, cò ris a bhiodh sgìre cànan shònraichte coltach ann an ùghdarrasan ionadail far nach eil uiread luchd-	B' urrainn do sgìrean aig a bheil àireamh nas lugha sa cheud de luchd-labhairt na Gàidhlig fhathast taghadh a bhith nan sgìrean cànan shònraichte. San t-suidheachadh seo

	<p>labhairt na Gàidhlig gu co-rèireach, agus ciamar a dh'obraicheadh buidhnean poblach nàiseanta is ionadail còmhla gus builean a libhrigeadh don chànan agus na dleastanasan a bhiodh rin coileanadh ann an sgìre cànan sònraichte.</p> <p>Air an adhbhar sin, tha a' Chomataidh ag iarraidh barrachd fiosrachaidh bho Riaghaltas na h-Alba a thaobh mar a shaoileas iad a dh'obraicheadh na ceumannan seo ann an cleachdadh agus mar a bhiodh ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach ag obair còmhla gus cothroman a thoirt do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.</p> <p>Tha a' Chomataidh mothachail nach eil am Bile a' libhrigeadh innealan, dòighean-obrach no maoinachadh do dh'ùghdarrasan ionadail aon uair 's gu bheil sgìre cànan sònraichte air a sònrachadh.</p> <p>Tha ùghdarrasan ionadail an-dràsta a' dèiligeadh ri dùbhlain ionmhais agus iomadh prìomhachas. Mar sin tha a' Chomataidh a' ceasnachadh carson a bhiodh ùghdarras ionadail airson sgìre cànan sònraichte a shònrachadh nan cruthaicheadh seo dleastanasan a bharrachd gun airgead a bharrachd nan cois.</p>	<p>dheigheadh beachdachadh air, is co-chomhairle a chumail, a thaobh dè na bun-inbhean a chuireadh an sàs ann an leithid a sgìre. 'S e miann Riaghaltas na h-Alba gun tèid bun-inbhean ullachadh ann an dòigh 's gum biodh na riatanasan freagarrach airson sgìrean eadar-dhealaichte agus iomchaidh don t-suidheachadh ionadail, a' gabhail a-steach sluagh agus àite.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba air eisimpleirean a chur san èarr-ràdh de raointean far an gabhadh bun-inbhean a dhealbh agus tha eisimpleirean de na bun-inbhean fhèin ann. Tha iad sin ann dìreach mar eisimpleir, agus cha bu chòir coimhead orra mar dhreachdan de bhun-inbhean. Dheigheadh bun-inbhean ceart ullachadh agus dreach mionaideach nam bun-inbhean aontachadh às dèidh co-chomhairle le luchd-ùidhe rè na h-ùine a dheigheadh am Bile a chur an gnìomh.</p> <p>Bha seirbheisean is solar Gàidhlig aig ùghdarrasan ionadail mus robh laghan Pàrlamaid na h-Alba ann agus chan eil iad uile mar thoradh orra sin. Tha solar math aig grunn ùghdarrasan agus tha iad ag obair le coimhearsnachdan luchd-labhairt, a' dèanamh cho-dhùnaidhean a thaobh a' mhaoineachaidh aca fhèin agus gu mòr airson adhartas a dhèanamh. Cumaidh Riaghaltas na h-Alba orra a' dèanamh nas urrainn dhaibh gus taic a chur ri iomairtean nan ùghdarrasan.</p>
136-137	<p><b>Pròiseas Comharrachaidh</b></p> <p>Tha a' Chomataidh ag aontachadh le luchd-ùidh mu cho cudromach 's a tha compàirteachadh agus taic coimhearsnachd nuair a thathar a' sònrachadh sgìre cànan chudromach. Mar sin, 's dòcha gur e</p>	<p>Tha Riaghaltas na h-Alba fìor mhothachail air cho làidir 's a tha an fhaireachdainn mun phuing seo is tha sinn air bruidhinn mu dheidhinn le gach cuid riochdairean ùghdarrasan ionadail is buidhnean coimhearsnachd. Bhiodh</p>

	<p>atharrachadh feumail air a' Bhile ullachadh gum bi a' choimhearsnachd ionadail an sàs anns a' cho-dhùnadh a thaobh an sgìre aca a shònraichadh mar tè a tha sònraichte a thaobh cànan.</p> <p>Tha a' Chomataidh den bheachd gu bheil e cudromach gum bi guth aig coimhearsnachdan ionadail sa phròiseas seo. Mar sin tha a' Chomataidh a' cur ìmpidh air Riaghaltas na h-Alba beachdachadh air mar a ghabhadh am Bile atharrachadh gus ullachadh airson beachdan coimhearsnachd a thoirt an lùib a' phròiseis, a' gabhail a-steach beachdachadh air ceumannan gus leigeil le coimhearsnachdan sgìre cànan sònraichte a mholadh cho math ri ùghdarrasan ionadail.</p>	<p>Riaghaltas na h-Alba toilichte beachdachadh air roghainnean gus atharrachadh a dhèanamh air seo a ghabhadh a-steach a bhith a' toirt àite nas motha do choimhearsnachdan.</p>
<p><b>143</b></p>	<p><b>Cumha airson sgìrean cànan sònraichte na h-Albais</b></p> <p>Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near gealladh an Leas-phrìomh Mhinisteir gum beachdaich i air an dìth ullachaidh airson sgìrean cànan sònraichte do sgìrean Scots agus tha iad a' coimhead air adhart ri toradh a beachdachaidh.</p>	<p>Anns a' Bhile seo, tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt air adhart, airson a' chiad uair, ceumannan cudromach airson Albais. Gus sgìre a chomharrachadh mar sgìre cànan sònraichte tha feum air ceumannan a thèid a gabhail le buidhnean is ùghdarrasan a chuireas taic ri seo. Ged a tha Albais air a h-aithneachadh mar chànan coimhearsnachd cudromach, tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd nach eil, aig an àm seo, ìre fhreagarrach de bhun-structar aig Albais a thaobh phròiseactan no sheirbheisean a chuireadh taic ri leithid a chomharrachadh. B' urrainn beachdachadh air an seo ri ùine airson prìomh reachdas san àm ri teachd.</p>

<b>Ro-innleachd Nàiseanta na Gàidhlig</b>	
<b>159-164</b>	<p>Tha a' Chomataidh mothachail air an taic bho luchd-ùidh do Mhinistearan na h-Alba a bhith a' gabhail sealbh air Ro-innleachd Nàiseanta na Gàidhlig.</p> <p>Tha a' Chomataidh den bheachd gun ceadaich seo barrachd co-leanailteachd thar iomadh raon poileasaidh a' gabhail a-steach taigheadas, còmhdhail agus an eaconamaidh.</p> <p>Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near an dragh bho chuid de luchd-ùidh gum faodadh a' cho-chomhairle a tha a dhìth air an dreachd ro-innleachd a bhith cuibhrichte. Tha a' Chomataidh den bheachd gu bheil e cudromach gum bi an ro-innleachd a' nochdadh feumalachdan agus prìomhachasan choimhearsnachdan. Air an adhbhar sin, tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba mìneachadh mar a nì iad cinnteach gun tèid co-chomhairle a chumail ri prìomh luchd-ùidh agus coimhearsnachdan mun dreachd ro-innleachd.</p> <p>Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near don mholadh bho Chomann Lagha na h-Alba gum bu chòir toraidhean nan diofar cho-chomhairlean a nithear nuair a thathar ag ullachadh ro-innleachdan, bun-inbhean agus stiùireadh, fhoillseachadh.</p> <p>Tha a' Chomataidh ag aithneachadh gu bheil cuid de luchd-ùidh ag iarraidh air Ministearan na h-Alba Ro-innleachd Nàiseanta Ghàidhlig a chruthachadh nas tràithe, seach a bhith a' feitheamh chun a'</p>
	<p>Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air an taic a tha luchd-ùidhe a' cur ri Ro-innleachd na Gàidhlig a bhios an urra ri Ministearan na h-Alba. Bhiodh an Riaghaltas toilichte dèanamh cinnteach gun deigheadh làn cho-chomhairle phoblach a chumail air an Ro-innleachd: b' e sin a-riamh am miann a bha air cùlaibh an riatanais airson co-chomhairle anns a' Bhile.</p> <p>O chionn ghoirid 's e cleachdadh àbhaisteach a tha air a bhith ann a bhith a' cur prìomh phàipearan poileasaidh Riaghaltas na h-Alba a thaobh na Gàidhlig a-mach gu co-chomhairle phoblach. An lùib seo cuideachd bidh coinneamhan poblach le measgachadh de bhuidhnean coimhearsnachd is luchd-ùidhe agus coinneamhan ministreil. Às dèidh na co-chomhairle dheigheadh sgrùdadh neo-eisimeileach ullachadh do Mhinistearan na h-Alba. Bhiodh toraidhean na co-chomhairle is an sgrùdadh air am foillseachadh.</p> <p>Tha na briathran a tha mu thràth anns a' Bhile ga dhèanamh comasach làn cho-chomhairle phoblach a chumail is beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba air dè as urrainnear dèanamh agus an cumha a leudachadh agus a bheil seo soilleir ann an teacsa a' Bhile.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air a' bheachd seo agus nì iad cinnteach gun tèid beachdachadh aig ìre thràth air na bhios san ath Ro-innleachd na Gàidhlig. Bidh Ro-innleachd na Gàidhlig a' togail air agus a' gabhail stiùir bho Phlana Nàiseanta na Gàidhlig a th' ann an-dràsta. Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt fa-near gu bheil grunn</p>



	<p>chinn-latha a thathar a' moladh, 2028. Tha a' Chomataidh cuideachd ag aithneachadh cho èiginneach 's a tha an suidheachadh làithreach. Air an adhbhar sin, tha a' Chomataidh a' moladh gum beachdaich Riaghaltas na h-Alba air an obair aca air an ro-innleachd a dhèanamh nas luaithe.</p> <p>Tha a' Chomataidh ag aithneachadh na fianais air na dùbhlain a tha mu choinneamh na Gàidhlig. Tha a' Chomataidh den bheachd nach eil am Plana Nàiseanta làithreach gu leòr airson dèiligeadh riutha agus gum feumar an ath sgrìobhainn ro-innleachdail nàiseanta airson na Gàidhlig a neartachadh. Co-dhiù, aig deireadh pròiseas a' Bhile, a bheil an sgrìobhainn ro-innleachdail nàiseanta airson na Gàidhlig an urra ri Ministearan na h-Alba, no a' fuireach aig Bòrd na Gàidhlig, tha a' Chomataidh a' moladh nach biodh an obair sin airson poileasaidh a leasachadh agus a neartachadh a' feitheamh ri toradh a' Bhile.</p>	<p>ghnìomhan cudromach ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023 – 2028 a neartaicheas suidheachadh na Gàidhlig agus a chuireas taic ris a' chànan. Bidh Riaghaltas na h-Alba ag amas air adhartas math agus luath a dhèanamh leis an Ro-innleachd ùir.</p>
<p><b>170-172</b></p>	<p><b>Ruigse a Bharrachd</b></p> <p>Tha a' Chomataidh ag aithneachadh gun tigeadh àrdachadh air an àireamh de dh'ùghdarrasan poblach a dh'fheumadh aire a thoirt don Ro-innleachd Nàiseanta ann a bhith a' coileanadh an gnìomhan – co-dhiù a bheil Plana Gàidhlig aca no nach eil – mar thoradh air earrann 5 den Bhile.</p> <p>Ach, chan eil e soilleir don Chomataidh cia mheud a bharrachd de bhuidhnean poblach air am biodh buaidh no dè na cosgaisean a thigeadh air na</p>	<p>Bidh e mar riatanas do dh'ùghdarrasan poblach feart a thoirt don ro-innleachd agus beachdachadh air mar a tha Ro-innleachd na Gàidhlig a' buntainn ris agus a' toirt buaidh air na h-uallaichean obrach aca. Faodaidh Bòrd na Gàidhlig comhairle a thoirt do na h-ùghdarrasan poblach buntainneach a thaobh a' bheachdachaidh seo agus cha bhi Bòrd na Gàidhlig a' sireadh pàigheadh airson na taice seo.</p> <p>Thathar an dùil cumhachdan a thaobh bhun-inbhean a chleachdadh nuair a bhithear a' cur a' Bhile an gnìomh an</p>

	<p>buidhnean poblach sin mar thoradh. Air an adhbhar sin, tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba mion-fhiosrachadh a thoirt seachad mu na buidhnean poblach air a bheil dleastanasan fo na h-ullachaidhean a th' ann mar-thà agus an fheadhainn air an tig dleastanasan mar thoradh air an ro-innleachd agus taobhan eile den Bhile, a bharrachd air beachd mu chosgais do na buidhnean poblach sin.</p> <p>Tha a' Chomataidh mothachail gum faodadh atharrachaidhean mòra a bhith san ro-innleachd ùr leithid ullachadh airson sgoiltean làn-Ghàidhlig a stèidheachadh no a bhith a' sìmpleachadh a' phròiseis airson FtG iarraidh. Leis a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig atharrachaidhean mar seo air ùghdarrasan ionadail, a' gabhail a-steach an cuid ghoireasan, tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba beachdachadh air na ceumannan sin a chur an cèill air aghaidh a' Bhile agus na cosgaisean a dh'fhaodadh tighinn air ùghdarrasan ionadail mar thoradh orra.</p>	<p>toiseach gus susbaint agus riatanasan, a nochd ann an stiùireadh Reachdail agus planaichean Gàidhlig, a ghluasad gu bhith mar phàirt de riaghlaidhean ris am feumar cumail. Mar sin, bidh na h-àrd-phrìomhachasan san ro-innleachd agus na thathar a' sùileachadh sna bun-inbhean a' buntainn ri ùghdarrasan poblach le planaichean Gàidhlig.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba mothachail air na puingeann seo is cuideachd neart nam faireachdainn a thaobh sgoiltean Gàidhlig fa leth. Beachdaichidh an Riaghaltas air an seo is am bu chòir do na ceumannan a tha air an ainmeachadh a bhith ann an teacsa a' Bhile.</p>
<p><b>176-177</b></p>	<p><b>A' Tomhas Soirbheas</b></p> <p>Leis gum bi feum air dòighean-obrach sònraichte ann an diofar sgìrean, tha a' Chomataidh a' tuigsinn gu bheil feum air sùbailteachd ann a bhith a' suidheachadh àrd-amasan anns an ro-innleachd.</p> <p>Ach, tha a' Chomataidh den bheachd gu bheil e cudromach àrd-amasan agus targaidean soilleir a shuidheachadh airson na tha ri choileanadh. Air an</p>	<p>Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air a' bheachd seo is a' toirt fa-near gu bheil poileasaidhean is prògraman airson na Gàidhlig a-riamh air a bhith air an dealbh gus a bhith cò-rèireach is gum biodh ceumannan eadar-dhealaichte freagarrach airson suidheachaidhean eadar-dhealaichte. Bhiodh Riaghaltas na h-Alba an dùil gun cumadh seo a' dol is gun deigheadh a chur am follais ann an gach cuid Ro-innleachd na Gàidhlig agus sna bun-inbhean.</p>

	<p>adhbhar sin, tha a' Chomataidh a' moladh gum bi dleastanas reachdail gus builean geàrr-ùine is fad-ùine a chruthachadh agus a mhìneachadh air a ghabhail a-steach ann an ullachaidhean na ro-innleachd, còmhla ri ceumannan gus coileanadh nan targaidean agus na h-amasan sin a dhèanamh nas fhasa.</p>	<p>Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air a' bheachd seo is nì sinn cinnteach gu bheil targaidean freagarrach anns an Ro-innleachd. Chan eil sinn den bheachd gu bheil feum air riatanas reachdail airson targaidean a bhith air am mìneachadh no gun nochd iad ann an teacsa a' Bhìle, agus sinn a' toirt fa-near gum b' urrainn do thargaidean no amasan a bhith àireamhach no ceangailte ri bhith a' stèidheachadh pròiseact sònraichte no bhith a' cur taic ri iomairt. Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gum bi e cudromach cuideachd gum bi ùghdarrasan poblach a' stèidheachadh nan targaidean is amasan aca fhèin airson na Gàidhlig.</p>
<p><b>Bun-inbhean, comhairle is stiùireadh am broinn foghlam</b></p>		
<p><b>198-199</b></p>	<p>Tha a' Chomataidh mothachail air an rùn poileasaidh a bhith a' suidheachadh bun-inbhean agus riatanasan air feadh na dùthcha, gus dèanamh cinnteach gu bheil bun-loidhne chunbhalach ann de "chleachdadh air a bheil aonta".</p> <p>Tha a' Chomataidh ag aithneachadh, ge-tà, gum bi am Bìle a' ceadachadh—</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Bun-inbhean eadar-dhealaichte ri bhith ann airson diofar sgìrean, le ìrean nas àirde buailteach ann an sgìrean a tha air an sònrachadh mar sgìrean cànan sònraichte</li> <li>• gum faodadh ùghdarrasan ionadail aig nach eil eachdraidh Ghàidhlig, no far nach eil e na</li> </ul>	<p>Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air is ag aontachadh leis na puingeann seo. Bha poileasaidhean is prògraman Riaghaltas na h-Alba airson taic a chur ris a' Ghàidhlig a-riamh ag amas air a bhith co-rèireach. Leanaidh seo leis na bun-inbhean agus 's e sin an t-adhbhar a chaidh cumhachdan a thaobh bhun-inbhean ullachadh gus an gabh solar eadar-dhealaichte a stèidheachadh airson adhbharan eadar-dhealaichte. Le seo 's urrainnear bun-inbhean eadar-dhealaichte a chur an sàs ann an àitichean eadar-dhealaichte is airson bhuidhnean eadar-dhealaichte. Cha tèid bun-inbhean a chleachdadh gus riatanasan a chur an sàs airson àitichean leithid Eileanan Arcaibh a tha às aonais ceangail eachdraidheil ris a' Ghàidhlig no anns nach eil miann airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.</p> <p>Far an tèid riatanas a chur air buidheann tro riaghladh 's e riatanas a thèid a mhìneachadh ann an lagh a bhios ann.</p>

	<p>phrìomhachas, mar eisimpleir Arcaibh, tarraing a-mach às na riatanasan sin.</p>	<p>Far am bi cead sam bith aig buidheann gun gabhail ris a' Bhile bhiodh an cead – agus meud a' chead – a rèir mar a thèid na bun-inbhean a dhealbh is a sgrìobhadh an ceann ùine. Thathar a' toirt fa-near gu bheil riatanasan anns a' Bhile gus dèanamh cinnteach gun tèid co-chomhairle a chumail ann an ceangal ri bun-inbhean.</p>
<b>200-201</b>	<p>Chan eil a' Chomataidh soilleir ciamar a nì Riaghaltas na h-Alba cothromachadh eadar an t-amas aca gus bun-inbhean a thoirt a-steach a bheir air adhart Gàidhlig agus comas ùghdarrasan ionadail tarraing a-mach. Tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba mìneachadh a bheil e am beachd slatan-tomhais a shuidheachadh airson bun-inbhean Gàidhlig a chur an sàs ann an ùghdarrasan poblach, agus na suidheachaidhean far am faodadh ùghdarras poblach tarraing a-mach.</p> <p>Tha a' Chomataidh ag aithneachadh gu bheil mòran bhuidhnean poblach ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh mu na dh'fhaodadh a bhith anns na h-inbhean. Tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba sealladh a thoirt dhaibh air dreachd bun-inbhean agus riatanasan gus sealltainn dè na ceumannan a dh'fhaodadh a bhith nan lùib, aig a' char as fhaide ro Ìre 2.</p>	<p>Mar a chithear gu h-àrd, is mar a chaidh a ràdh ann am fianais mu choinneamh na comataidh, 's e a thathar a' sùileachadh nuair a thèid cumhachd nam bun-inbhean a chleachdadh son a' chiad uair gun tèid riatanasan a tha air nochdadh ann am planaichean Gàidhlig bhuidhnean poblach sna deicheadan mu dheireadh a ghluasad gu bun-inbhean ris an urrainn na buidhnean ris am buin iad an uair sin cumail.</p> <p>Do bhuidhnean leithid Comhairle Eileanan Arcaibh aig nach eil ceangal eachdraidheil ris a' Ghàidhlig is aig nach eil plana no bun-inbhean Gàidhlig cha tèid riatanasan a chur orra. Bhiodh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig cuideachd a' tighinn fo sgàil nam bun-inbhean Gàidhlig is, gu follaiseach, cha bhuineadh bun-inbhean FTG ri ùghdarras aig nach eil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.</p> <p>Gus seo a dhèanamh soilleir, tha Riaghaltas na h-Alba air eisimpleirean de bhun-inbhean Gàidhlig a thoirt seachad anns an eàrr-ràdh. Dheigheadh bun-inbhean ceart ullachadh agus dreach mionaideach nam bun-inbhean aontachadh às dèidh co-chomhairle le luchd-ùidhe rè na h-ùine a dheigheadh am Bile a chur an gnìomh.</p>

<b>Planaichean agus Aithriseadh le Buidhnean Poblach</b>	
<p><b>215-217</b></p>	<p>Tha a' Chomataidh ag aithneachadh na taic coitchinn bho luchd-ùidh airson ceumannan sa Bhile co-cheangailte ri planaichean agus aithris bhuidhnean poblach.</p> <p>Tha a' Chomataidh mothachail gu bheil dìth soilleireachd ann a thaobh na buaidh a dh'fhaodadh a bhith ann mura h-eil buidheann phoblach a' gèilleadh no a' lìbhrigeadh ghealltanasan a chaidh a dhèanamh sa phlana Ghàidhlig aca. Air an adhbhar sin tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba aithris shoilleir a thoirt air dè a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith ann, ro ìre 2 aig a' char as fhaide.</p> <p>Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near cuideachd do bheachd Comann Lagha na h-Alba gum feum ùghdarras poblach cumail ri àithntean a nì Ministearan na h-Alba fo ghrunn earrannan den Bhile, gun ullachadh sam bith airson ath-thagradh. Tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba an fheallsanachd aca airson na dòigh-obrach seo a mhìneachadh agus dèanamh soilleir am bu chòir, às dèidh dhaibh smaoinichadh air a-rithist, ullachadh a bhith ann airson ath-thagradh agus, mas còir, cò ris a bhiodh am pròiseas ath-thagraidh sin coltach.</p>
<p>Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air a' bheachd seo bhon Chomataidh agus a' gabhail ris gu bheil grunn chumhachan is mheadhanan neo-fhoirmeil, foirmeil, laghail agus Pàrlamaid ann mu thràth a tha a' stèidheachadh mhodhan-obrach agus bhuilean a dh'èireas mura cumar ri cumhachan is geallaidhean, leithid Ceistean Pàrlamaid, Comataidhean a' beachdachadh air aithisgean foillsichte, gearan fo earrainn 70 de Achd 1980 a thaobh uallaichean foghlaim, iartas airson uidheam shònraichte, agus – mar an roghainn mu dheireadh – tagradh laghail a thogail. Chan fheumar na modhan-obrach sin ath-stèidheachadh ann an susbaint a' Bhile seo agus thathar dhen bheachd gu bheil na cumhachan sa Bhile airson mhodhan-aithris freagarrach gus adhartas a bhrosnachadh sa cho-theacsa seo. Tha am modh-obrach san urrainn do Bhòrd na Gàidhlig aithris a dhèanamh iad fhèin don Phàrlamaid air a mheas mar atharrachadh is ceum cudromach.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd nach e ath-thagradh rud a bhiodh iomchaidh an seo. 'S e ceumannan rianaidh seach breithneachaidh a tha anns na h-àithntean air a bheilear a' toirt iomradh. Air sgàth sin cha bhiodh e iomchaidh cumha a chruthachadh tron deigheadh ath-thagradh a dhèanamh ceangailte riutha. 'S e seo an dòigh-obrach àbhaisteach ann an reachdas. Sa chumantas thèid àithntean ministreil a chleachdadh mar an ceum mu dheireadh ma tha ceumannan nas neo-fhoirmeile air fàilligeadh. Mur a h-eil co-dhùnadh ann aig ìre nas neo-fhoirmeile bhiodh e mar roghainn, mar an ceum mu dheireadh, do Mhinistearan na h-Alba gnìomh a thogail</p>	

		airson buileachadh sònraichte no do dh'ùghdarras poblach sgrùdadh breithneachail a shireadh air na h-àithntean.
<b>FOGHLAM GÀIDHLIG</b>		
<b>Bun-inbhean, stiùireadh agus àithntean foghlaim</b>		
<b>273</b>	<b>Co-chomhairle</b> Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near do fhianais bho luchd-ùidh air an fheum air co-chomhairle le coimhearsnachdan a thaobh bun-inbhean agus stiùireadh airson foghlam Gàidhlig. Tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba tuilleadh beachdachaidh a dhèanamh air seo.	Mar a chìtear gu h-àrd, nì Riaghaltas na h-Alba cinnteach gum bi làn cho-chomhairle phoblach na pàirt den phròiseas agus ro-innleachd, bun-inbhean is stiùireadh ullachadh is fhoillseachadh.
<b>274-275</b>	Tha a' Chomataidh mothachail, gus amasan a' Bhile a thaobh foghlam Gàidhlig a choileanadh, gu bheil e deatamach gu bheil tidsearan gu leòr ann as urrainn Gàidhlig a theagasg agus sin a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig.  Tha a' Chomataidh ag aithneachadh gu bheil grunn chùrsaichean agus iomairtean ann an-dràsta gus teagasg na Gàidhlig no tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart mar dhreuchd. Tha a' Chomataidh ag aithneachadh cuideachd bhon fhianais gu bheil àireamhan coimeasach beag de dhaoine a' cleachdadh nan slighean sin.	The Riaghaltas na h-Alba den aon bheachd ris a' Chomataidh gum bu chòir prìomhachas a chur air fastadh, oideachadh is taic do thidsearan Gàidhlig is cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air mar a tha a' Chomataidh ag aithneachadh gu bheil grunn shlighean ann is a' faighinn taic tron urrainn do dhaoine dreuchd a thoirt a-mach mar thidsearan FTG. Cumaidh Riaghaltas na h-Alba a' cur fòcas làidir air a bhith a' tàladh is a' cur taic ri tidsearan airson chuspairean FTG. Bu mhiann le Riaghaltas na h-Alba aire na Comataidh a tharraing gu geallaidhean Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-2028 gum "Bithear a' beachdachadh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dh'obair bhuidhnean foghlaim leithid Buidheann Comhairleachaidh Planadh Feachd-obrach an Luchd-teagaisg, am Bòrd Ro-innleachdail airson Foghlam Luchd-teagaisg agus thar gach taobh de dh'ath-leasachadh foghlaim" agus airson a bhith "A'

		brosnachadh agus a' cumail taic ri slighean a-steach gu teagasg FtG".
276-278	<p><b>Luchd-obrach Teagaisg agus Taice</b></p> <p>Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near an dragh a th' aig ùghdarrasan ionadail gu bheil gainnead luchd-obrach le teisteanas na bhacadh air leudachadh FtG agus FLI, agus nach eil an comas acasan an duilgheadas sin fhuasgladh. Tha a' Chomataidh a' faighneachd do Riaghaltas na h-Alba a bheil ceumannan eile ann a dh'fhaodadh iad a ghabhail gus cuideachadh le àireamh nan tidsearan, luchd-obrach sgoiltean agus luchd-obrach sgoil-àraich a chur am meud. Tha a' Chomataidh cuideachd ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba mìneachadh dè a dhèanadh iad, ma tha dad idir, nam biodh gainnead luchd-obrach ann an ùghdarras ionadail, agus an gabhadh iad ealla do chùisean taobh a-muigh smachd an ùghdarras.</p> <p>Tha a' Chomataidh a' moladh gun dèan Riaghaltas na h-Alba eacarsaich planadh luchd-obrach a thaobh luchd-teagaisg agus luchd-taic airson suidheachaidhean ELC, bun-sgoile agus àrd-sgoile agus beachdachadh air an leithid de dhleastanas a chur don Bhile.</p> <p>Tha a' Chomataidh mothachail air fianais GTC Alba a thaobh a dhleastanas reachdail agus mar a bhios riaghailtean a dhèanadh Ministearan na h-Alba a' co-thaobhadh ris na gnìomhan aige. Tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba</p>	<p>Mar a chithear gu h-àrd, cumaidh Riaghaltas na h-Alba oirnn a' cur fòcas làidir air a' chùis seo ach bu mhiann leinn cantainn cuideachd nach eil seo taobh a-muigh smachd ùghdarrasan ionadail. Tha grunn ùghdarrasan ionadail air taic a chur ri tidsearan aig a bheil ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig is a bhith a' gluasad a-nall gu teagasg FTG. Airson nan ùghdarras ud a tha airson an cuid thidsearan fhèin a thrèanadh, nì Riaghaltas na h-Alba a dhìcheall a bhith cinnteach gu bheil slighean ann is taic ri factainn gus seo a dhèanamh comasach.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba mothachail gu bheil seo a' tachairt aig amannan is chan eil e an urra ri Riaghaltas na h-Alba a bhith a' mìneachadh nan gnìomh a bu chòir a choileanadh. 'S e seo cùis do dh'ùghdarrasan ionadail. Ach, a dh'aindeoin sin, beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba air a' chuideachadh a b' urrainn a bhith air a thabhann tro bhith a' cur air adhart na taice a gheibhear tro sholar didseatach eSgoil no an dòigh anns an tèid luchd-pròbhaidh a shuidheachadh.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air a' mholadh a thaobh planadh luchd-obrach agus beachdaichidh iad air an dòigh as fhreagarraiche gus seo a thoirt air adhart, agus iad a' toirt fa-near gur dòcha nach bi feum air reachdas airson seo. Dh'fhaodadh gum bi ùidh aig a' Chomataidh anns an obair a thathar a' dèanamh mu thràth san raon seo. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh obair planaidh gach bliadhna mu thràth a thaobh luchd-obrach gus dearbhadh dè</p>

	<p>mìneachadh mar a nì iad cinnteach gum bi co-thaobhadh ri GTC Alba a thaobh riaghailtean buntainneach.</p>	<p>na targaidean a th' ann airson oileanaich ùra air prògraman Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg (CFL). Mar phàirt de sin bithear a' dèanamh co-chonaltradh farsaing ri diofar dhaoine leithid Buidheann Comhairleachaidh Planadh Feachd-obrach an Luchd-teagaisg (air a bheil riochdairean bho fhastaichean airson ùghdarrasan ionadail agus oilthighean a tha a' toirt seachad CFL). Bidh na molaidhean bhon Bhuidhinn do Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam is Sgilean stèidhichte air modail staitistigeil Riaghaltas na h-Alba airson àireamhan luchd-teagaisg a bhios a dhith san àm ri teachd. Bidh am modail staitistigeil bliadhnail a' dèanamh tuairmse air an àireimh de dh'oileanaich CFL a bhios a dhith gus dèanamh cinnteach gu bheil gu leòr thidsearan ann. Tha am modail stèidhichte air diofar sheòrsaichean fiosrachaidh leithid ro-mheasaidhean airson àireamhan sgoilearan aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile, atharraichean air àireamh nan tidsearan (trusadh, fòrladh màthaireil, daoine a' tilleadh, msaa) agus ìrean-gleidhidh airson oileanaich CFL. Aig a' cheann thall 's ann an urra ri Comhairle Maoineachaidh na h-Alba a tha e àireamhan de dh'oileanaich ùra a stèidheachadh ann an CFL agus bidh iad a' sgrìobhadh gu oilthighean gus targaidean a stèidheachadh airson gach bliadhna acadaimigeach.</p> <p>Tha am Bòrd Ro-innleachdail airson Foghlam Luchd-teagaisg (BRFL) a' dealbh ro-innleachdan gus dèiligeadh ri trioblaidean co-cheangailte ri trusadh is gleidheadh thidsearan ann an Alba, leithid nan dùbhlann a gheibhear co-cheangailte ri sgìrean sònraichte agus cuspairean sònraichte. Tha am Bòrd cuideachd ag obair gus piseach a thoirt air an t-sanasachd a nithear air dreuchdan teagaisg agus gus daoine ùra a thàladh dhan dreuchd, tha iad</p>
--	--	---



		<p>cuideachd a' cruthachadh frèam foghlaim do luchd-teagaisg airson luchd-teagaisg a chuideachadh gus sgilean is eòlas ùr a thogail rè na h-ùine a tha iad san dreuchd.</p> <p>Tha Sgeama nam Bursaraidhean Teagaisg a' gabhail a-steach taic do thidsearan Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile agus do thidsearan a tha a' teagasg Gàidhlig mar chuspair san àrd-sgoil. Tha an sgeama ann gus dèiligeadh ri gainnead thidsearan airson nan cuspairean dha bheil e nas duilghe tidsearan a lorg agus bithear a' toirt seachad suas ri 84 bursaraidhean luach £20,000 airson daoine a tha airson gluasad bhon dreuchd a th' aca gu dreuchd ùr le bhith a' dèanamh cùrsa ciad-fhoghlam luchd-teagaisg, PGDE bliadhna. Tha buidseat bliadhnail luach £1.6 millean aig an sgeama.</p> <p>Gu cudromach, tha geallaidhean ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023 – 2028 a tha a' buntainn ri cùisean luchd-obrach. “Bithear a' beachdachadh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dh'obair bhuidhnean foghlaim leithid Buidheann Comhairleachaidh Planadh Feachd-obrach an Luchd-teagaisg, am Bòrd Roinnleachdail airson Foghlam Luchd-teagaisg agus thar gach taobh de dh'ath-leasachadh foghlaim” agus “thèid dòighean-obrach co-òrdanaichte a dhealbh a thaobh taic le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig do thidsearan ann an sgoiltean.”</p> <p>A thaobh luchd-obrach tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne, agus a rèir mholaidhean Sgrùdadh Alba ann an 2024-25, tha Riaghaltas na h-Alba an dùil obair a dhèanamh le comhairlean agus luchd-ùidhe eile gus planaichean feachd-obrach fàd-ùine a dhealbh airson na roinne TICC gus</p>
--	--	---

		<p>dèiligeadh ri cunnartan do sheasmhachd agus gus frithealadh air an iarrtas a bhios ann. Mar phàirt de sin, bidh Riaghaltas na h-Alba ag obair gus dèanamh cinnteach gun tuig sinn an dàta a th' ann a chuidicheas le planadh feachd-obrach, agus gu bheil sinn a' tuigsinn dè na beàrnan a th' ann agus ciamar a ghabhas an lionadh. Mar sin, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air mar a ghabhas cur ris an àireimh de luchd-obrach Gàidhlig a th' ann airson tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba air cur romhpa taic a chur ri roinn chùraim-chloinne ann an Alba a bhios seasmhach, eugsamhail agus a' soirbheachadh. Ann an 2024-25 bidh sinn a' toirt seachad £16 millean a bharrachd de mhaoineachadh gus am pàigheadh san uair a chur suas gu £12 do luchd-obrach a bhios a' libhrigeadh uairean maoinichte san roinn phrìobhaidich agus san treas roinn agus ann an seirbheisean cùraim-chloinne. Bidh seo a' ciallachadh gum faigh luchd-obrach làn-thìde, aig a bheil a' chòir air, àrdachadh sa chumantas luach £2,000 sa phàigheadh iomlan aca. Seo ceum glè chudromach ann a bhith a' dèiligeadh ris na trioblaidean trusaidh is gleidhidh a th' anns an roinn san latha an-diugh.</p> <p>A rèir mholaidhean Sgrùdadh Alba agus Prògram an Riaghaltais tha sinn an dùil, ann an 24-25, taic a bharrachd a thoirt dhan roinn le bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• ag obair còmhla ri comhairlean gus pròiseas a chur air dòigh cho luath 's as urrainn gus adhartas a</li> </ul>
--	--	--

		<p>mheasadh a thaobh a bhith a' toirt Tuarastal Bith-beò do luchd-obrach ann an TICC maoinichte</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• a' toirt leudachadh air an fheachd-obrach airson cùram-chloinne agus a' feuchainn mhodhan-obrach ùra gus luchd-obrach a ghleidheadh, às dèidh mar a thàinig crìonadh nach beag air an fheachd-obrach seo sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh</li> <li>• a' dèanamh tuilleadh leasachaidh air an làrach-lìn ùr far a bheil fiosrachadh uile san aon àite mu chothroman ionnsachaidh proifeiseanta leantainneach de chàileachd dhearbhte, chaidh na goireasan fhoillseachadh sa Mhàrt</li> <li>• a' dèanamh co-chonaltradh ri roinn a' Chùraim Shòisealta do dh'Inbhich gus tuigse fhaighinn air mar as urrainn do luchd-obrach TICC a dhol an sàs ann an barganachadh airson pàigheadh san roinn agus air mar a gheibh iad riochdachadh buadhach mar mheadhan thar na h-ùine fada gus pàigheadh is cumhachan co-ionann a stèidheachadh do luchd-obrach aig ùghdarrasan ionadail, agus sna roinnean prìobhaideach, saor-thoileach agus neo-eisimeileach.</li> </ul> <p>An lùib ullachadh riaghailtean sam bith le Riaghaltas na h-Alba bhiodh còmhraidh is co-chomhairle phoblach farsaing gus a bhith cinnteach gum biodh na riaghailtean a' co-fhreagairt air gnìomhan sam bith a bha aig ùghdarrasan poblach no, sa chùis seo, air an àite aig Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba (CTCA). Aig an ìre seo chan eilear an dùil gun tèid na cumhachdan seo a chleachdadh gus bun-inbhean a chur an sàs a bhuineas ri cùisean a tha mar phàirt de raon-ùghdarras CTCA is bhiodh Riaghaltas na h-Alba gu cùramach a' dèanamh cinnteach gun cumadh</p>
--	--	---

		riaghailtean sam bith a dheigheadh a chruthachadh fo chumhachdan a' Bhile ris an fhrèam laghail a tha ann mu thràth.
279-283	<p><b>Bun-inbhean agus Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig</b></p> <p>Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near don fhianais, ged a tha mòran a' cur fàilte air, nach eil soilleireachd anns na h-ullachaidhean mu bhun-inbhean, stiùireadh agus àithnntean a thaobh dè a bhios iad a' còmhach. Air an adhbhar sin, chan eil beachd soilleir aig ùghdarrasan ionadail no pàrantan/luchd-cùraim air na dh'fhaodadh a bhith anna a thaobh solar agus bun-inbhean foghlam Gàidhlig.</p> <p>Leis gum faodadh bun-inbhean no stiùireadh a bhith a' cur riatanasan susbainteach air ùghdarrasan ionadail, tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba sealladh a thoirt dhaibh air dreachd bhun-inbhean agus riatanasan gus sealltainn dè na ceumannan a dh'fhaodadh a bhith nan lùib, agus na cosgaisean co-cheangailte riutha, ro Ìre 2 aig a' char as fhaide.</p> <p>Fo na molaidhean làithreach, bhiodh na h-inbhean a dheigheadh a chruthachadh air am mìneachadh ann am fo-reachdas le ùmhlachd don mhodh àicheil. Tha seo a' ciallachadh gum biodh a' Chomataidh bhuntainneach mothachail air an fho-reachdas agus gum faodadh iad beachdan clàraichte a thoirt seachad. Ach, mar as tric chan fheumadh Ministear fianais a thoirt seachad don Chomataidh mu na</p>	<p>Tha Riaghaltas na h-Alba air eàrr-ràdh a chur an cois seo le eisimpleirean de bhun-inbhean. Tha iad sin ann dìreach mar eisimpleir, agus cha bu chòir coimhead orra mar dhreachdan de bhun-inbhean. Dheigheadh bun-inbhean ceart ullachadh agus dreach mionaideach nam bun-inbhean aontachadh às dèidh co-chomhairle le luchd-ùidhe rè na h-ùine a dheigheadh am Bile a chur an gnìomh.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt fa-near an còmhradh eadar Riaghaltas na h-Alba agus Comataidh nan Cumhachdan Tiomnaichte agus Ath-leasachadh Lagha (CCTAL) air a' phuuing seo is cuideachd gun robh an CCTAL riarraichte gun deach am modh-obrach diùltach a thaghadh airson Earrainn 12. Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt fa-near gum biodh gluasad air falbh bhon mhodh-obrach dhiùltach airson nan riaghailtean seo a' dol an aghaidh earrainn 2 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 agus an dòigh-obrach airson bhun-inbhean foghlaim san fharsaingeachd. Ann a bhith ag ullachadh an reachdais seo chaidh beachdachadh ar na frèaman reachdail a tha mu thràth ag obair anns an iomadh àite a thathar ag atharrachadh is leis an sin bhathar dhen bheachd gur e am modh-obrach diùltach as iomchaidh sa cho-theacsa seo.</p>

	<p>ceumannan, ciamar a dh'obraicheadh iad no carson a bha Riaghaltas na h-Alba air an dreachdadh san dòigh sin, mar a thachradh fon mhodh deimhinneach. Tha seo na adhbhar dragh don Chomataidh.</p> <p>Tha a' Chomataidh mothachail gum bi bun-inbhean Gàidhlig a chaidh ullachadh fo chumhachdan earrainn 6 anns a' Bhile fo smachd a' mhodha daingneachaidh ach gum bi bun-inbhean foghlaim Gàidhlig, ann an earrann 12, fo smachd a' mhodha àicheil.</p>	
<p><b>284-285</b></p>	<p><b>Fileantachd</b></p> <p>Tha a' Chomataidh mothachail air an fhianais air miann gum bi 'làn fhileantachd' aig luchd-labhairt sa Ghàidhlig mar thoradh air FtG. Tha a' Chomataidh a' moladh gun cuir Riaghaltas na h-Alba seo don ro-innleachd mar aon de na builean comharraichte agus tomhas nàiseanta cunbhalach a chruthachadh air a shon.</p> <p>Tha a' Chomataidh cuideachd a' toirt fa-near don fhianais a tha ag ràdh gu bheil feum air cothroman gus Gàidhlig a bhruidhinn ann an suidheachaidhean coimhearsnachd gus 'làn fhileantachd' a choileanadh. Tha a' Chomataidh a' faighneachd do Riaghaltas na h-Alba ciamar a tha iad an dùil taic a thoirt do chothroman leithid seo agus an dèanamh nas fhasa fhaighinn.</p>	<p>Tha iomadach dòigh-obrach ga cur an sàs gus measadh a dhèanamh air fileantachd agus ìre is càileachd na Gàidhlig a tha air a togail ann an clasaichean FTG. Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air a' mholadh seo is nì sinn rannsachadh air mar a thèid seo a leasachadh, mar as urrainn a chur an lùib ro-innleachd is bhun-inbhean is ciamar as fheàrr a gheibh sinn earbsa an luchd-labhairt air a' phuing seo.</p> <p>Am measg nan ceum a tha gan cur an sàs gus fileantachd a mheasadh tha: beachd proifeiseanta nan tidsear, deuchainnean an ÙTA, sgrùdadh luchd-sgrùdaidh an foghlaim, ìrean a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais is Measaidhean Coitcheann Nàiseanta na h-Alba airson Gàidhlig.</p> <p>Còmhla ri solar foghlaim bogaidh na Gàidhlig is taic do dh'ionnsachadh proifeiseanta nan tidsear, tha Riaghaltas na h-Alba ag amas air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil</p>

		measgachadh de eòlasan FTG taobh a-muigh na sgoile ri fhaotainn do dhaoine òga ann am FTG. Tha iad seo air an toirt seachad le iomadach seòrsa de bhuidhinn is iad a' gabhail a-steach cultar, ealain, dualchas, spòrs, deasbad, dràma agus cur-seachadan eile a tha ag amas air iomadach ginealach is chan e òigridh a-mhàin. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' beachdachadh air a' chothrom a tha ann airson nan cur-seachad seo taic fhaighinn gach cuid san ro-innleachd is sna bun-inbhean.
<b>286</b>	<b>A bhith a' taobhadh ri ath-leasachadh foghlaim agus curraicealam na Gàidhlig</b> Tha a' Chomataidh mothachail air iarrtasan airson curraicealam Gàidhlig sònraichte. Tha a' Chomataidh a' faighneachd do Riaghaltas na h-Alba dè am beachdachadh a rinn iad air cho comasach 's a bhiodh seo, a' gabhail a-steach measadh agus deuchainnean.	Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh cho cudromach sa tha am beachd seo ach cuideachd gu bheil strì na lùib. Tha e cudromach do dhaoine òga ann am FTG a bhith ag ionnsachadh is a bhith air am bogadh ann an cultar a' chànain a tha iad ag ionnsachadh ach aig an dearbh àm tha e cudromach do dhaoine òga ann am FTG eòlas is teisteanasan a choisinn ann an roinnean aithnichte is raointean ionnsachaidh stèidhichte. A dh'aindeoin seo, tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air beachd na Comataidh. Tha Riaghaltas na h-Alba mothachail gun deach adhartas a dhèanamh san raon seo ach gu bheil cothroman ann cuideachd airson leasachaidhean a bharrachd.
<b>Dleastanasan Mhinistearan is Ùghdarrasan Ionadail</b>		
<b>316- 318</b>	Tha a' Chomataidh mothachail air an dìth co-chòrdaidh san fhianais a thaobh dè a' bhuidh a bhios aig earrann 15. Air an adhbhar sin tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba mìneachadh gu soilleir, air aghaidh a' Bhìle, dè an t-adhbhar a tha aig an ullachadh seo, dè a choileanas an t-adhbhar sin, agus cuin a thèid a choileanadh.	Chan eil Riaghaltas na h-Alba ag atharrachadh earrainn 1 (1) de dh'achd 1980, a tha a' cur dleastanas air ùghdarrasan foghlaim a bhith a' gleidheadh do na sgìrean aca fhèin 'solar sgoile iomchaidh is èifeachdach', am measg rudan eile. Chan eil sin ag atharrachadh, is 's ann fhathast air ùghdarrasan foghlaim a bhios am prìomh dhleastanas airson tomhas dè a tha 'iomchaidh agus èifeachdach' a' ciallachadh

	<p>Tha a' Chomataidh ag aithneachadh iarrtasan mòran luchd-ùidh airson còir shoilleir air FtG. Ged a tha a' Chomataidh a' tuigsinn a' mhiann a tha air cùl leithid de dh'iarrtas, tha iad a' toirt fa-near na cnapan-starra a th' ann mar thà gus seo a libhrigeadh, a' gabhail a-steach àireamhan luchd-teagaisg agus dùbhlain eile a thaobh ghoireasan agus ag aontachadh le Riaghaltas na h-Alba nach fheum seo a bhith sa Bhile.</p> <p>Tha a' Chomataidh cuideachd ag aithneachadh iarrtasan airson shlighean soilleir do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh an cuid ionnsachaidh a thoirt bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil agus teisteanasan a choileanadh.</p>	<p>san sgìre aca. A dh'aindeoin seo, tha Riaghaltas na h-Alba, anns a' Bhile seo, ag atharrachadh na cèille aig 'foghlam sgoile' is mar a tha Gàidhlig air a toirt a-steach fon chiall ud. Tha Riaghaltas na h-Alba a' feuchainn ri bhith ga dhèanamh nas soilleire gu bheil foghlam sgoile ann an Alba a' gabhail a-steach Gàidhlig, agus gum bu chòir ùghdarrasan foghlaim, is iad a' tomhas dè a tha 'iomchaidh is èifeachdach' a' ciallachadh san sgìre acasan, a bhith a' gabhail a-steach foghlam tro mheadhan na Gàidhlig is foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san tuigse a tha aca de dh'fhoghlam sgoile. 'S e aon de shàr amasan leasachadh na Gàidhlig – ann am foghlam is eile – a bhith a' dèanamh a' chànanain na rud a tha àbhaisteach is cumanta ann an gnìomhan practaigeach beatha phoblach na h-Alba. Tha an cumha seo buileach ag obair a dh'ionnsaigh an amais ud ann an roinn an fhoghlaim. Tha Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh soilleir dè a tha mar phàirt den phrìomh raon-dhleastanais aig ùghdarras foghlaim nuair a tha e a' planadh dè am foghlam sgoile a bhiodh 'iomchaidh is freagarrach' don sgìre aige. A thaobh a' bheachd gum bu chòir na tha Riaghaltas na h-Alba a' sùileachadh a bhith air a mhìneachadh ann an teacsa a' Bhile, tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gu bheil e nas fheàrr gum bi am Bile fhèin a' mìneachadh mar a tha an lagh gus a bhith air atharrachadh, leis na ceumannan practaigeach is na clàran-ama airson sin a choileanadh a bhith air an toirt air adhart ann an còmhradhean le ùghdarrasan foghlaim.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt fa-near beachd na Comataidh air còir shoilleir airson FTG.</p>
--	--	--

		Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air a' bheachd seo agus ag aontachadh gu bheil e cudromach gum bi slighean soilleir agus cunbhalach ann.
<b>Foghlam Leantainneach is Àrd-ìre</b>		
<b>336-337</b>	<p>Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near don fhianais a tha a' toirt taic don ullachadh gus a' chòir a bhith ag iarraidh Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig a leudachadh, gu bhith a' gabhail a-steach Tràth-ionnsachadh agus Cùram-cloinne tro Mheadhan na Gàidhlig a-nis.</p> <p>Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near cuideachd, ge-tà, fianais bho ùghdarrasan ionadail a thaobh nan goireasan a tha a dhìth gus measaidhean a dhèanamh agus am feum air iarrtas a bhith seasmhach. Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near nach eil am Meòrachan Ionmhais a' mìneachadh nan cosgaisean airson an leithid de leudachadh.</p>	<p>Tha Riaghaltas na h-Alba mothachail cuideachd air na teachdaireachdan follaiseach bho luchd-ùidhe na Gàidhlig gum bu chòir do thràth-ionnsachadh is cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig (TICC FTG) taic fhaighinn is a bhith air an neartachadh.</p> <p>Tro Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 gheibh pàrantan còir iarrtas a dhèanamh airson foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an cumha seo air a ghabhail ris gu farsaing is ri fhaighinn cuideachd anns an stiùireadh air foghlam Gàidhlig bho 2017 a chaidh fhoillseachadh aig an àm agus a fhuair taic bho ùghdarrasan ionadail. Tha Riaghaltas na h-Alba ag aontachadh gum feum iarrtas a bhith seasmhach agus tha sinn air beachdachadh anns a' mheòrachan ionmhais air cosgaisean measaidh airson foghlam bun-sgoile Gàidhlig agus tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne Gàidhlig.</p>
<b>343-345</b>	Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near don cheangal eadar cruthachadh barrachd chothroman gus Gàidhlig a bhruidhinn agus ionnsachadh ann am foghlam adhartach is àrd-ìre agus a bhith a' cruthachadh barrachd comas labhairt na Gàidhlig ann an luchd-obrach, a' gabhail a-steach tidsearan Gàidhlig ùra.	<p>'S e amas Riaghaltas na h-Alba a bhith a' toirt seachad barrachd chothroman do dhaoine òga an sgilean Gàidhlig a chleachdadh is a leasachadh ann am foghlam leantainneach is àrd-ìre agus anns an àite-obrach agus sa choimhearsnachd.</p> <p>Tha measgachadh de cheumannan ann gus dèiligeadh ris na h-uimhir thidsearan FTG a tha a dhìth. Tha cosg nan ceum seo air am pàigheadh le Comhairle Maoinachaidh na h-Alba, Leasachadh Sgilean na h-Alba agus Riaghaltas na</p>



	<p>Tha a' Chomataidh a' faighneachd de Riaghaltas na h-Alba dè na ceumannan a tha iad an dùil a thoirt a-steach a thaobh foghlam adhartach, gus cuideachadh le bhith dèiligeadh ri àireamh ìosal luchd-teagaisg, dè a chosgadh na ceumannan sin do luchd-solair agus a bheil Riaghaltas na h-Alba an dùil na cosgaisean sin a phàigheadh.</p> <p>Tha a' Chomataidh cuideachd a' faighneachd do Riaghaltas na h-Alba ciamar a nì e cinnteach gum bi ionnsachadh na Gàidhlig ri fhaighinn ann am foghlam taobh a-muigh na sgoile, a' gabhail a-steach foghlam adhartach agus preantasachdan.</p>	<p>h-Alba is le taic a bharrachd bho Bhòrd na Gàidhlig agus Stòrlann.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba gu cunbhalach air a bhith ag aithneachadh gu bheil cothroman Gàidhlig a dhìth ann am foghlam iar-sgoile is inbhich. 'S e seo roinn fharsaing is eadar-mheasgte le àireamh de bhuidhnean a' cur rithe. Nam measg bhiodh buidhnean poblach leithid Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, UHI, Sabhal Mòr Ostaig, Oilthighean, MG ALBA, Bòrd na Gàidhlig, Leasachadh Sgilean na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail.</p> <p>Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, tha a' Bhuidheann-obrach Gheàrr-bheatha air Cothroman Eaconamach is Sòisealta na Gàidhlig a' dèanamh grunn mholaidhean ceangailte ri cothroman trèanaidh na Gàidhlig agus feachd-obrach na Gàidhlig. Thèid an fhreagairt fhoirmeil dha sin fhoillseachadh an ceann ùine gus dèiligeadh ris na puingeann seo. A thaobh phreantasachdan, tha obair ga dèanamh gus stòras fianais a thogail mar phàirt den obair gus leasachadh a dhèanamh air modailean preantasachd is mar phàirt de dh'ath-leasachadh Riaghaltas na h-Alba air preantasachdan. An lùib seo thèid beachdachadh air mar a tha Gàidhlig air a toirt a-steach do phreantasachdan.</p>
<b>ALBAIS</b>		
<b>Ro-innleachd na h-Albais</b>		
<b>375-376</b>	Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near don ullachadh anns a' Bhile airson dreachdadh Ro-innleachd Nàiseanta Scots le Ministearan na h-Alba. Tha a'	Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh a' bheairteis eadar-mheasgte aig cànan is dualchainntean na h-Albais, is thèid sin a chur am follais san ro-innleachd.

	<p>Chomataidh den bheachd gu bheil e cudromach gun aithnich an ro-innleachd an iomadachd bheairteach ann an cànanan is dual-chainntean na h-Alba.</p> <p>Leis an dragh a thogadh ann am fianais aig Ìre 1, tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba beachdachadh a bheil am Bile, mar a tha e air a dhreachdadh an-dràsta, a' toirt aire gu leòr don raon de chànanan agus dhualchainntean a tha iad a' ciallachadh leis an teirm choitcheann 'Scots', gus mìneachadh brioghmhor a libhrigeadh agus soilleireachd gu leòr air an 'taic' a thathar a' sùileachadh anns a' Bhile.</p>	<p>Tha am Bile, mar a tha e sgrìobhte an-dràsta, a' toirt seachad mìneachadh air Albais. Tha Riaghaltas na h-Alba ag aontachadh le riochdairean coimhearsnachd na h-Albais gum bu chòir do dh'Albais a bhith air a cleachdadh mar theirm fharsaing dhaibh uile.</p>
<b>378-379</b>	<p>Tha a' Chomataidh mothachail, às aonais Bòrd na Scots, gu bheil Riaghaltas na h-Alba an urra ri com-pàirteachadh bho bhuidhnean Scots.</p> <p>Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near cuideachd gur dòcha nach bi comas aig na buidhnean sin a dhol an sàs anns na pròiseasan sin gun buaidh a thighinn air na gnìomhan eile aca, air sgàth cuingealachadh ghoireasan.</p>	<p>Cuiridh Riaghaltas na h-Alba luach air na tha prìomh bhuidhnean na h-Albais a' cur ris na sgrìobhainnean eadar-dhealaichte a dh'fheumas a bhith air an ullachadh. Gheibhear buannachd tro bhith a' conaltradh le buidhnean na h-Albais is seo a' dearbhadh gum bi a h-uile cànan is dualchainnt a tha iad a' riochdachadh a' cur ris a' phròiseas.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air a' phuing seo bhon Chomataidh is meòraichidh sinn air ceumannan air am b' urrainnear beachdachadh co-cheangailte ri seo.</p>
<b>Stiùireadh cànan</b>		
<b>388-390</b>	<p>Tha a' Chomataidh mothachail air an dragh a th' aig cuid de luchd-ùidh gum faodadh an t-iomradh air "cultar Scots" a bhith air a leughadh mar aon chultar, seach an t-iomadh traidisean agus cànan.</p>	<p>Bidh Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh cinnteach gun tèid ceangal a' stèidheachadh eadar cultar is coimhearsnachdan is gun tèid aithneachadh gu bheil coimhearsnachdan eadar-mheasgte.</p>

	<p>Air an adhbhar sin tha a' Chomataidh a' moladh gun toir Riaghaltas na h-Alba iomradh nas mionaidiche air cànanan agus dualchainntean Scots anns gach riochd ann a' Bhile agus tha iad a' sireadh freagairt Riaghaltas na h-Alba don dragh sin.</p> <p>Leis gum bi grunn cheumannan sa Bhile a' gabhail a-steach co-chomhairle le buidhnean iomchaidh, mar eisimpleir, air bun-inbhean agus stiùireadh a thaobh na Scots agus foghlam Scots, tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba dearbhadh gun cuir iad co-chomhairlean ri chèile uiread 's as urrainn dhaibh, gus a' bhuidhe air goireasan a lùghdachadh air buidhnean poblach agus buidhnean le ùidh sa chùis bho iomadh co-chomhairle, agus tha iad a' faighneachd cuin a bhiodh iad am beachd na co-chomhairlean sin a chumail.</p>	<p>Tha Riaghaltas na h-Alba gu cunbhalach air Albais aithneachadh mar rud a tha a' gabhail a-steach measgachadh de sheòrsaichean cainnte is cànanan sgèireil is cumaidh seo a' dol. Chaidh seo a chur an cèill gu follaiseach ann am poileasaidh Albais Riaghaltas na h-Alba is thèid beachdachadh a bharrachd a dhèanamh a thaobh càite a b' fheàrr a' phuing ud a chur an cèill a-rithist is a shoilleireachadh.</p> <p>Bidh Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh an dèichill gus an t-uallach co-chomhairleachaidh a lùghdachadh ach, aig an aon àm, bidh iad ag aithneachadh an luach a tha a' tighinn bho bhith a' faighinn beachdan nan coimhearsnachd labhairt. Tha Riaghaltas na h-Alba toilichte a dhearbhadh do dhaoine gun tèid co-chomhairlean sam bith a b' urrainn a bhith a dhìth a chur air dòigh san aon eacarsaich far a bheil seo comasach is gun tèid aire a thoirt don bhuidhe air buidhnean poblach.</p>
<b>FOGHLAM NA H-ALBAIS</b>		
<b>410-414</b>	<p>Tha a' Chomataidh mothachail gu bheil gnìomhachd Scots a' dol air adhart mar-thà ann an sgoiltean agus gu bheil cuid de ghoireasan agus ionnsachadh proifeiseanta rim faighinn gus taic a thoirt do thidsearan.</p> <p>Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near cuideachd gu bheil cuid de dh'ùghdarrasan ionadail mì-chinnteach dè an t-àite a th' aig foghlam Scots anns a' churraicealaim.</p>	<p>Tha Riaghaltas na h-Alba an-dràsta a' cur taic ri ullachadh ghoireasan Albais is cothroman airson ionnsachadh proifeiseanta na h-Albais.</p> <p>Chaidh stiùireadh air an seo ullachadh le Foghlam Alba. Tha Ùghdarras Theisteanas na h-Alba cuideachd air taic a chur ri tidsearan le eisimpleirean de mar as urrainn do dh'Albais a bhith air a toirt a-steach gu sgoiltean. O chionn ghoirid tha an t-Oilthigh Fosgailte agus Foghlam Alba air taic a chur ri</p>

	<p>Chuala a’ Chomataidh diofar mhiannan airson leasachadh foghlam Scots bho luchd-fianais agus ann am fianais sgrìobhte. Chan eil e soilleir don Chomataidh an e am prìomh amas, mar eisimpleir—</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• dèanamh cinnteach gun urrainn do dhaoine an cànan as comhfhurtail leotha a chleachdadh</li> <li>• tuigse agus sùim air dualchas agus cultar ionadail a leasachadh</li> <li>• curraicealam Scots a leasachadh.</li> </ul> <p>Air an adhbhar sin tha a’ Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba mìneachadh nas soilleire a thoirt air a’ phàirt a bhios aig foghlam Scots, na tha iad an dòchas a choileanadh le foghlam Scots agus mar a thomhaiseas iad soirbheachas.</p> <p>Tha a’ Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba soilleireachadh mar a bhiodh Scots air a teagasg ann am frèam-obrach Cànan 1+2 a’ gabhail a-steach mar a bheireadh e aire do dhualchainntean agus seòrsaichean eadar-dhealaichte.</p>	<p>tidsearan airson a bhith a’ cleachdadh Albais sa churraicealam.</p> <p>Bidh luchd-fianais eadar-dhealaichte a’ sùileachadh rudan eadar-dhealaichte agus b’ urrainn don chiad dà phuing seo a bhith air an cur ri chèile gu farasta tro bhith ag ionnsachadh na h-Albais ann an seòmraichean-sgoile. B’ urrainnear an treas puing a mhìneachadh ann an dòigh nas fheàrr mar a bhith a’ toirt Albais a-steach don churraicealam. Chan eil na puingeann a’ dol an aghaidh a chèile. Tha gach cuid ag obair a dh’ionnsaigh an amais a bhith a’ brosnachadh tuigse air iomadachd chànan – rud a tha am measg prìomh amasan a’ Bhìle.</p> <p>Airson adhbharan na sgrìobhainne seo, tha Riaghaltas na h-Alba air ceangal a chur na cois airson sgrìobhainn a chaidh ullachadh le Foghlam Alba - <a href="#">Scots in the Curriculum for Excellence</a>.</p> <p>Tha measgachadh de ghoireasan eile ri fhaighinn air làraich-lìn Foghlam Alba. Nì Riaghaltas na h-Alba cinnteach gun tèid dèiligeadh leis na ceistean seo anns na sgrìobhainnean a tha a dhìth a rèir nan cumha Albais anns a’ Bhìle seo.</p> <p>Tha Albais air a teagasg tron phrògram chànan 1+2. Tha spèis air a thoirt do dhualchainntean is seòrsaichean cànan eadar-dhealaichte is chan eil seo air nochdadh mar adhbhar dragh.</p>
<b>Stiùireadh a thaobh Foghlam na h-Albais</b>		
<b>420</b>	Coltach ri inbhe oifigeil airson Scots agus ro-innleachd na Scots, tha a’ Chomataidh a’ moladh	Tha Riaghaltas na h-Alba air aithneachadh gu cunbhalach gu bheil Albais a’ gabhail a-steach measgachadh de

	<p>gun aithnich Riaghaltas na h-Alba iomadachd bheairteach de chànanan is dhualchainntean na h-Alba nuair a bhios iad a' cruthachadh an stiùiridh air foghlam Scots, gus aire a thoirt don raon de chànanan is dhualchainntean a tha iad a' tighinn fon sgàil-theirm 'Scots' nam beachd.</p>	<p>sheòrsaichean cainnte is dhualchainntean sgèireil is leanaidh seo. Chaidh seo a chur an cèill gu follaiseach ann am poileasaidh Albais Riaghaltas na h-Alba <a href="http://www.gov.scot">Scots language policy: English version - gov.scot (www.gov.scot)</a> is thèid beachdachadh a bharrachd a dhèanamh a thaobh càite a b' fheàrr a' phuing ud a chur an cèill a-rithist is a shoilleireachadh. A thaobh seo tha sinn a' leantainn coimhearsnachd na h-Albais.</p>
<b>Bun-inbhean ann am foghlam na h-Albais</b>		
<p><b>429-431</b></p>	<p>Leis gum faodadh bun-inbhean no stiùireadh a bhith a' cur riathanasan subsbainteach air ùghdarrasan ionadail, tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba sealladh a thoirt dhaibh air dreachd bhun-inbhean agus riathanasan gus sealltainn dè na ceumannan a dh'fhaodadh a bhith nan lùib, agus na cosgaisean co-cheangailte riutha, ro ìre 2 aig a' char as fhaide.</p> <p>Tha a' Chomataidh cuideachd ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba aithris shoilleir a thoirt seachad air—</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• a bheil e mar dhleastanas air ùghdarras ionadail na ceumannan sin a chur an gnìomh a dh'aindeoin cosgais,</li> <li>• a bheil làn roghainn aig an ùghdarras ionadail a thaobh na ceumannan sa Bhile agus ullachaidhean taiceil sam bith san àm ri teachd a chur an gnìomh</li> <li>• nuair a thèid an cur an gnìomh, a bheil comas aig ùghdarras ionadail na ceumannan</li> </ul>	<p>Tha Riaghaltas na h-Alba air eàrr-ràdh a chur an cois seo le eisimpleirean de bhun-inbhean a dh'fhaodar a stèidheachadh. Tha iad sin ann dìreach mar eisimpleir, agus cha bu chòir coimhead orra mar dhreachdan de bhun-inbhean. Dheigheadh bun-inbhean ceart ullachadh agus dreach mionaideach nam bun-inbhean aontachadh às dèidh co-chomhairle le luchd-ùidhe rè na h-ùine a dheigheadh am Bile a chur an gnìomh. Dh'fhaodadh bun-inbhean co-cheangailte ri ionnsachadh proifeiseanta is goireasan a bhith mar phrìomhachasan airson coimhearsnachdan na h-Albais.</p> <p>Bidh bun-inbhean na h-Albais airson foghlam rin lorg ann an riaghailtean agus 's e laghan a tha anns na riaghailtean. Feumaidh ùghdarrasan foghlaim cumail ris an lagh. Bhiodh sònrachadh sam bith, is ìre an t-sònrachaidh, a rèir mar a tha na bun-inbhean air am frèamadh, agus bu chòir cuimhneachadh gum bi feum air co-chomhairle a thaobh ullachadh nam bun-inbhean.</p> <p>Ann a bhith ag ullachadh riaghailtean sam bith le Riaghaltas na h-Alba bhiodh còmhradh is co-chomhairle phoblach fharsaing ann gus a bhith cinnteach gun taobhadh iad ri</p>

	<p>sin atharrachadh no stad a chur orra, ma thogras e.</p> <p>Tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba mìneachadh mar a nì iad cinnteach gum bi co-thaobhadh ri GTC Alba a thaobh riaghailtean buntainneach air Foghlam Scots.</p>	<p>uallaichean ùghdarras ionadail buntainneach sam bith no, sa chùis seo, àite CTCA. Aig an ìre seo chan eil fios againn mu bhun-inbhean sam bith a bhuineas ri cùisean a tha mar phàirt de raon-ùghdarras CTCA is bhiodh Riaghaltas na h-Alba gu cùramach a' dèanamh cinnteach gun cumadh riaghailtean sam bith a dheigheadh a chruthachadh fo chumhachdan a' Bhile ris an fhrèam laghail a tha ann mu thràth.</p>
<b>BEACHDACHADH AIR CUMHACHDAN TIOMNAICHTE</b>		
<p><b>451</b></p>	<p>Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near na puingean a rinn Comataidh nan Cumhachdan Tiomnaichte agus Ath-leasachadh Lagha san aithisg aca agus tha iad a' sireadh freagairt a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba air na cùisean sin. Gu sònraichte, tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba mìneachadh a bheil iad an dùil an raon de chumhachdan stiùiridh sa Bhile a sgioblachadh agus, ma tha, ag iarraidh mìneachadh air mar a thèid seo a dhèanamh.</p>	<p>A thaobh na ceist seo, tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air aithisg nan <a href="#">Cumhachd Tiomnaichte ann am Bile nan Cànan Albannach aig Ìre 1</a> a chaidh fhoillseachadh air 23 Giblean 2024 is a' toirt taing do bhuill na comataidh airson beachdachadh air na cùisean seo. Tha sinn riarachd gu bheil na cumhachdan airson àithntean a dhèanamh air an sgrìobhadh ann an dòigh a nì cinnteach gu bheil iad a' leantainn gu reusanta air pàirtean buntainneach den reachdas ach thèid seo a chumail fo sgrùdadh fhad 's a thèid atharrachaidhean sam bith a dhèanamh ris a' bhile seo air a shlighe tron Phàrlamaid. A thaobh nan cumhachd airson a bhith a' dèanamh àithntean a tha air an toirt seachad ann an earrainn 9(6) agus earrainn 14(2) tha Riaghaltas na h-Alba ag aontachadh na cumhachdan seo a thoirt air falbh is sinn air dearbhadh gur ann gu h-ainneamh is airson cùisean neo-àbhaisteach a bhiodh iad dualtach a bhith air an cleachdadh is gum b' urrainn bun-inbhean no stiùireadh soilleir a bhith iomchaidh nan àite.</p>

## MEÒRACHAN IONMHAIS AN AGHAIDH IONMHAS

487-491

Tha a' Chomataidh mothachail air seasamh Riaghaltas na h-Alba nach e buidseat a th' anns a' Mheòrachan Ionmhais, agus nach eil e a' toirt cunntas air an iomlan de na thèid a chosg air a' Ghàidhlig agus Scots, ach gur e tuairmse a th' ann air cosgaisean nan gnìomhan sònraichte anns a' Bhile.

Ach, tha a' Chomataidh cuideachd a' toirt fa-near dragh bho luchd-ùidh, a' gabhail a-steach Comataidh an Ionmhais agus Rianachd Phoblaich, nach eil e soilleir ciamar a tha Riaghaltas na h-Alba air a shàsachadh fhèin nach eil e coltach gum bi feum air cosgaisean gu tur ùr, no dè a' bhuidhe phractaigeach agus ionmhasail a thig an cois "dòigh-obrach èasgaidh". Air an adhbhar sin tha a' Chomataidh ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba beachdachadh air na cosgaisean a tha air am mìneachadh anns an FM a-rithist agus tuilleadh mionfhiosrachaidh a thoirt seachad air na cosgaisean ionmhais iomlan co-cheangailte ri ullachaidhean a' Bhile, ro Ìre 2 aig a' char as fhaide.

Tha a' Chomataidh a' toirt fa-near gu bheil am Meòrachan Ionmhais ag amas air tuairmse a thoirt seachad air na cosgaisean a thigeadh air ùghdarrasan ionadail a' dol tron phròiseas gus pàirt den sgìre aca, no an sgìre gu lèir, a shònrachadh mar sgìre cànan sònraichte, a' gabhail a-steach co-chomhairle le coimhearsnachdan. Ach, chan eil

Chaidh Meòrachan Ionmhasail ullachadh gus cumail ri riatanasan a thaobh ghnàth-riaghailtean.

Mar fhreagairt air an seo bu mhiann le Riaghaltas na h-Alba iomradh a dhèanamh air an dùbhlàn phractaigeach a tha an lùib a bhith a' comharrachadh cosgaisean gu tur ùr no na ceistean ionmhais a tha ceangailte ri cumhachan a' Bhile. Tha leasachadh na Gàidhlig ann an Alba air a thoirt air adhart le àireamh de dh'ùghdarrasan, buidhnean is iomairtean coimhearsnachd, agus iad ag obair leis na prìomhachasan is structaran co-dhùnaidh aca fhèin. Tha co-dhùnaidhean mu chùisean Gàidhlig tric air an dèanamh a thaobh fheumalachdan ionadail is gun iomradh air stiùireadh Riaghaltas na h-Alba.

Anns a' Mheòrachan Ionmhasail bha Riaghaltas na h-Alba ag amas air tuairmse a thoirt air a' chosgais a dheigheadh a chur air ùghdarrasan tron phròiseas chomharrachaidh airson sgìrean cànan sònraichte.

Chaidh a' chiad bheachd aig Riaghaltas na h-Alba anns a' Mheòrachan Ionmhasail a ghabhail le fòcas air na pròiseasan a nochdas bhon Bhile. B' e beachd Riaghaltas na h-Alba gun robh ìre de ghnìomhachd Ghàidhlig mu thràth a' tachairt ann an ùghdarrasan ionadail. Mar eisimpleir, tha oifigearan ùghdarrasan ionadail an-dràsta a' measadh uallaichean ùghdarrasan, a' beachdachadh air stiùireadh reachdail is prìomhachasan Phlana Nàiseanta na Gàidhlig, ag ullachadh, eadar-theangachadh agus a' foillseachadh

	<p>comharra sam bith anns a’ Mheòrachan Ionmhais no pàipearan Bile eile gum biodh tuilleadh maoineachaidh bho Riaghaltas na h-Alba an cois sònrachadh, airson barrachd gnìomhachd a libhrigeadh no gus ìrean cànan nas àirde a choileanadh.</p> <p>Ged a tha iad ag aithneachadh an t-suidheachaidh ionmhais làithrich airson gach ìre de riaghaltas, tha dragh air a’ Chomataidh, às aonais maoineachadh, gun tog na ceumannan sa Bhile – gu h-àraidh sgìrean cànan sònraichte – dùil dhaoine nach gabh a libhrigeadh le ùghdarrasan ionadail, buidhnean Gàidhlig no Scots, a thaobh bhuidseatan làithreach.</p> <p>Tha a’ Chomataidh a’ toirt fa-near don fhianais bho luchd-freagairt air an fheum air taic ionmhais, agus taic eile. Tha a’ Chomataidh a’ toirt fa-near cuideachd do bheachdan grunn luchd-fianais gum biodh e duilich, às aonais ghoireasan a bharrachd, do choimhearsnachdan no buidhnean poblach luach a bharrachd a’ Bhile a chur an gnìomh.</p>	<p>sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh, a’ cur crìch air is a’ buileachadh phoileasaidhean agus ghnìomhan.</p> <p>Gu h-aithghearr, bidh am pròiseas ullachaidh airson plana Gàidhlig an-dràsta coltach ris a’ phròiseas ullachaidh airson plana Gàidhlig fon Bhile. A thuilleadh air an seo, tha Riaghaltas na h-Alba air tagraidhean a dhèanamh gus taic a chur ri libhrigeadh a bharrachd de ghnìomhachd ceangailte ri comharrachadh sgìrean cànan sònraichte is bhiodh Riaghaltas na h-Alba toilichte fiosrachadh ùr a thoirt don Chomataidh air adhartas sam bith leis an seo. Cuideachd, bu mhiann leinn a thoirt fa-near nach ann air roinn Ghàidhlig a tha na tàmh a bhios cumhachan a’ Bhile a’ toirt buaidh.</p> <p>Tha Riaghaltas na h-Alba gu tric a’ faicinn eisimpleirean de dh’fhàs is leasachadh Gàidhlig ris am bi ùghdarrasan ionadail a’ cur taic-airgid ùr. ’S urrainnear coimhead ri cosgais às ùr mar phàirt àbhaistich de dh’obair na roinn Ghàidhlig làithrich is chan fheumar aithneachadh mar nì a tha gu tur an urra ri cumhachan a’ Bhile.</p> <p>Thog a’ Chomataidh cuideachd ceist shònraichte mu dheidhinn maoineachadh airson gnìomhachd a bharrachd a dheigheadh a dhèanamh ann an sgìrean cànan sònraichte. A thaobh seo bheireadh sinn fa-near cuideachd gun toir leithid a chomharrachadh buaidh air an àireimh de dh’ùghdarrasan poblach a tha a’ stèidheachadh gheallaidhean don Ghàidhlig air am feumar smaoineachadh a thuilleadh air an ùghdarras ionadail a tha a’ dèanamh a’ chomharrachaidh.</p> <p>Cuideachd, a tha miann aig coimhearsnachdan mion-chànain structaran fhaicinn air an cur ann an àite a bhios a’</p>
--	--	---



		dèanamh aithne air a' choimhearsnachd aca is aig a bheil an comas buannachd a thoirt don chànan.
--	--	--

## **EÀRR-RÀDH - BUN-INBHEAN (MAR EISIMPLEIR A-MHÀIN)**

'S e adhbhar a' phàipeir seo a bhith a' tabhann barrachd fiosrachaidh mu bhun-inbhean na Gàidhlig. Thathar an dòchas gun cuidich seo ann a bhith a' dèiligeadh leis na ceistean mu bhun-inbhean a nochd anns an aithisg aig Comataidh an Fhoghlaim, na Cloinne agus nan Daoine Òga airson ìre a h-aon. 'S ann a-mhàin mar eisimpleir a thathar a' tabhann nam bun-inbhean a leanas.

Mar eisimpleir, tha an aithisg airson ìre a h-aon ag iarraidh barrachd fiosrachaidh mu na bun-inbhean is dreachd de na bun-inbhean fhaicinn. Tha an aithisg cuideachd a' faighneachd am faodadh bun-inbhean eadar-dhealaichte a bhith a' buntainn ri sgìrean eadar-dhealaichte is mu dheidhinn co-chomhairle is chothroman gun a bhith a' gabhail ri bun-inbhean. Thèid co-chomhairle a chumail air leasachadh nam bun-inbhean a rèir chumhachan a' Bhile is nì seo cinnteach gu bheil cothrom ann beachdachadh air is leasachadh a dhèanamh air na bun-inbhean is mar a thèid an cur an sàs. Mar a chaidh a ràdh roimhe thathar an dùil gum bithear a' cleachdadh nam bun-inbhean airson a' chiad turas gus riatanasan a tha air nochdadh ann am planaichean Gàidhlig thairis air na deicheadan mu dheireadh a ghluasad gu bun-inbhean ris am feumar cumail an uair sin mar chùis lagha.

Tha cuideachd ùidh air a bhith aig daoine anns mar a bhuineadh na bun-inbhean ri àite a bha air a chomharrachadh mar sgìre cànan shònraichte. Thathar an dòchas gun dèan am pàipear seo beagan soilleireachaidh air seo is air ceistean eile mu bhun-inbhean na Gàidhlig ann am Bile nan Cànan Albannach.

Thèid beachdachadh air bun-inbhean anns na raointean farsaing a leanas: Foillseachaidhean, Conaltradh, Co-chonaltradh Poblach, Gnìomhachd Air-loidhne, meadhanan sòisealta, Dearbh-aithne, Faicsinneachd, Luchd-obrach is Measadh Buaidh no a bhith a' dearbhadh buaidh phoileasaidhean a thaobh na Gàidhlig agus leasachadh coimhearsnachd. A thaobh foghlaim, thèid bun-inbhean a mhìneachadh anns na raointean farsaing a leanas: Cothrom air FTG, Solar, Taic, Riaghladh Sgoile, Structar FTG, feumalachdan thidsearan, brosnachadh, Goireasan agus taic sgoileirean, sgìrean-sgoile agus siubhal.

Airson adhbharan a' phàipeir seo chan eil ach taghadh beag de dh'eisimpleirean air an toirt seachad. Cha bu chòir beachdachadh orra mar dhreachd de bhun-inbhean.

## Conaltradh agus Co-chonaltradh Poblach

Bun-inbhean ceangailte ri litrichean air an cur le ùghdarras poblach

Bidh poileasaidh dà-chànanais aig ùghdarras poblach – a bhios a’ ciallachadh gun gabh iad litrichean ann an Gàidhlig is Beurla is gun cuir iad a-mach freagairtean ann an Gàidhlig agus Beurla.

Bun-inbhean ceangailte ri coinneamhan fosgailte don phoball a tha air an cur air dòigh le ùghdarras poblach.

Feumaidh ùghdarras poblach a tha a’ cumail tachartas poblach ann an sgìre cànan shònraichte dèanamh cinnteach gun urrainnear a’ choinneamh a chumail gu dà-chànanach.

Bun-inbhean ceangailte ri tachartas poblach air a chur air dòigh no air a mhaoineachadh leis an ùghdarras phoblach.

Nì ùghdarras poblach a tha a’ cumail no a’ maoineachadh tachartas poblach ann an sgìre cànan shònraichte cinnteach gu bheil fiosrachadh an tachartais gu lèir ri fhaighinn gu dà-chànanach.

Bun-inbhean ceangailte ris an fhollaiseachd is sanasachd aig buidheann.

Nì ùghdarras poblach a tha ag obair ann an sgìre cànan shònraichte cinnteach gu bheil follaiseachd is sanasachd ri fhaighinn gu dà-chànanach.

## Dearbh-aithne agus Faicsinneachd

Bun-inbhean ceangailte ri soidhnichean a tha air an cur an àird le ùghdarras poblach

Bidh ùghdarras poblach a tha ag obair ann an sgìre cànan shònraichte a’ cleachdadh shoidhnichean is suaicheantasan dà-chànanach.

## Cùisean Luchd-obrach

Bun-inbhean ceangailte ri ùghdarras poblach a bhith a’ leasachadh sgilean Gàidhlig tro phlanadh is trèanadh an luchd-obrach.

Bidh ùghdarras poblach a tha ag obair ann an sgìre cànan shònraichte a’ dèanamh cinnteach gu bheil fios aig an luchd-obrach gu lèir mun taic a tha ri fhaighinn airson ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach.

Bun-inbhean ceangailte ri ùghdarras poblach a bhith a’ fastadh is a’ cur dhaoine an dreuchd.

Feumaidh ùghdarras poblach a tha ag obair ann an sgìre cànan shònraichte beachdachadh air dè na dreuchdan anns a bheil Gàidhlig riatanach no na buannachd nuair a tha iad a’ sanasachd dhreuchdan.

## **A' Dearbhadh Buaidh Phoileasaidhean is Measadh Buaidh na Gàidhlig**

Bun-inbhean ceangailte ri buidheann a bhith a' cur air adhart na Gàidhlig.

Feumaidh ùghdarras poblach sanasachd a dhèanamh air na seirbheisean a tha iad a' tabhann tro mheadhan na Gàidhlig.

### **Cothrom air agus Solar airson FTG**

Bun-inbhean ceangailte ri Leantainneachd FTG.

Nì ùghdarras poblach cinnteach gu bheil an cothrom aig sgoilearan bun-sgoile FTG leantainn orra le foghlam Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile.

### **Cumadh is Structar FTG**

Bun-inbhean ceangailte ri solar àrd-sgoile FTG.

Bidh ùghdarras poblach le FTG bun-sgoile a' tabhann leantainneachd aig ìre àrd-sgoile don h-uile sgoilear FTG bun-sgoile, a' dèanamh cinnteach gun lean FTG gu ÀS4 is gu bheil cothrom aig a h-uile sgoilear FTG an sgoil fhàgail le teisteanas FTG.

### **Riaghladh Sgoiltean**

Bun-inbhean airson Riaghladh Sgoiltean.

Ann an sgoiltean le clasaichean FTG, bidh sgioba àrd-riaghlaidh na sgoile a' toirt Gàidhlig fa-near anns gach roghainn bhuntainneach co-cheangailte ris an sgoil.

Bun-inbhean ceangailte ri feallsanachd is àrainneachd.

Ann an sgoiltean le clasaichean FTG, togaidh an sgoil feallsanachd dhà-chànanach.

### **Tidsearan**

Bun-inbhean ceangailte ri ionnsachadh proifeiseanta.

Nì ùghdarras poblach le tidsearan Gàidhlig cinnteach gu bheil Ionnsachadh Proifeiseanta ri fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig do thidsearan FTG.

### **Goireasan agus Taic**

Bun-inbhean ceangailte ri ùghdarras no buidheann a tha a' sireadh taic bho bhuidhnean Gàidhlig.

Feumaidh ùghdarras poblach aig a bheil foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig taic a shireadh bho bhuidhnean Gàidhlig buntainneach airson cur ri ionnsachadh san t-seòmar-sgoile.

Bun-inbhean ceangailte ri  
goireasan agus taic sgoilearan.

Nì ùghdarras poblach aig a bheil FTG is  
foghlam luchd-ionnsachaidh (FLI) na Gàidhlig  
cinnteach gu bheil sàr ghoireasan ann gus taic  
a chur ri sgoilearan FTG is FLI.